



ALBA

PASGAN-FASTAIDH

Dreuchd	Neach-foillseachaidh Ùrlaran Didseatach
Cunntachail gu	Manaidsear Ùrlaran Didseatach
Stèidhichte	Steòrnabhagh no Glaschu
Fad	Maireannach
Deit dùnaidh	28 Lùnastal 2026 @ 12f
Agallamhan	8 Sultain 2026 air Microsoft Teams

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
TUAIRISGEUL OBRACH	5
SANAS & PRÒISEAS TAGRAIDH	9



Facal bhon Àrd-Oifigear ...

Tha sinn a' sireadh Neach-foillseachaidh Ùrlaran Didseatach a thighinn còmhla ri MG ALBA aig àm inntinneach airson ar buidheann, ar luchd-amais agus roinn nam meadhanan Gàidhlig san fharsaingeachd.

Cuidichidh an dreuchd làn-ùine, maireannach seo le ruigsinneachd, conaltradh agus buaidh susbaint BBC ALBA, LearnGaelic agus SpeakGaelic a mheudachadh air feadh nam meadhanan sòisealta, YouTube agus ùrlaran didseatach eile. Bidh an tagraiche soirbheachail a' stiùireadh foillseachadh agus leasachadh susbaint, a' cleachdadh lèirsinn luchd-amais, anailis agus eòlas ùrlair gus an t-susbaint againn a cheangal ri luchd-amais ann an dòighean brioghmhor agus tarraingeach.

Bidh an dreuchd freagarrach airson neach eagraichte, anailiseach agus dìcheallach as urrainn obrachadh gu dlùth le co-obraichean, riochdairean, com-pàirtichean agus luchd-tabhartais bhon taobh a-muigh, agus aig a bheil dìoghras airson susbaint dhidseatach, fàs luchd-amais agus ùr-ghnàthachadh ùrlair.

Tha sinn a' cur fàilte air tagraichean le sgilean agus eòlas buntainneach bho raon de chùl-raointean a tha airson cur ri meadhanan Gàidhlig agus cuideachadh le bhith a' neartachadh àm ri teachd ar cànan, ar luchd-amais agus ar coimhearsnachdan.

Anns a' phasgan seo gheibh thu tuairisgeul obrach, sanas agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agad, feuch an innis thu dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte atharrachaidhean reusanta sam bith a dhèanamh a dh'fheumas tu gus làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Mu dheireadh, is i a' Ghàidhlig ar cànan obrach, agus mar sin tha feum air sàr sgilean Gàidhlig labhairteach is sgrìobhte airson na dreuchd seo.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri do thagradh.



Dòmhnall Caimbeul
10/08/2026



MG ✱
ALBA

GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE
AIRSON GACH NEACH

BBG ✱
ALBA

FILMG ▶

Learn
Gaelic

Speak
Gaelic



Tìotal-obrach	Neach-foillseachaidh Ùrlaran Didseatach	Ìre	C3	Uairean seachdaineil	37
---------------	---	-----	----	----------------------	----

Àite **Steòrnabhagh no Glaschu**

Raon tuarastail **£35,352 - £39,547**

Cunntachail do Mun dreuchd **Manaidsear Ùrlaran Didseatach**

Tha sinn a' sireadh neach a thuigeas luchd-amais didseatach, a tha sàr dhèidheil air ùrlaran sòisealta agus a tha eòlach air susbaint a tha daoine dha-rìribh airson fhaicinn, a roinn agus bruidhinn mu dheidhinn.

Bidh uallach ort airson cuideachadh dèanamh cinnteach gu ruig ar susbaint air na daoine ceart air YouTube, Instagram, TikTok, Facebook, X agus ùrlaran eile.

'S e pàirt mhòr den obair a bhith a' tuigsinn mar a tha ar susbaint ag obair air na h-ùrlaran sin, agus a' cleachdadh an dàta agus beachdan luchd-amais gus ar cuideachadh le bhith a' co-dhùnadh dè a choimiseanas sinn, cuin agus càite an tèid fhoillseachadh, agus mar as urrainn dhuinn ar dèanadas a leasachadh gu leantainneach.

Bidh thu ag obair gu dlùth le coimiseanairean, luchd-cruthachaidh, riochdairean agus com-pàirtichean bhon taobh a-muigh gus cuideachadh le bhith a' fàs luchd-amais agus a' neartachadh ar làthaireachd didseatach.

Ma tha thu fiosrach, cruthachail, anailiseach agus air bhioran leis an t-saoghal meadhanan didseatach a tha an-còmhnaidh ag atharrachadh, bu toil leinn cluinntinn bhuat.

Dàimhean-obrach

In-taigh – Sgiobaidhean Coimiseanaidh, Cruthachail agus Foillseachaidh, a thuilleadh air co-obrachaidhean eile aig MG ALBA.

Bhon taobh a-muigh – Solaraidhean bhon taobh a-muigh, co-obraidhean aig a' BhBC, luchd-tabhartais bhon taobh a-muigh.

Na bhios tu a' dèanamh

- A' dealbhadh agus a' foillseachadh susbaint thar ar n-ùrlaran didseatach.
- A' cumail sùil air dèanadas agus a' comharrachadh chothroman gus ruigsinneachd, conaltradh agus ùine seallaidh a mheudachadh.
- A' comharrachadh treandaichean, atharrachaidhean ùrlair agus cothroman ùra agus a' roinn na dh'ionnsaich thu le co-obraidhean.
- Ag obair le sgiobaidhean cruthachail gus susbaint a leasachadh a tha a' faireachdainn iomchaidh airson gach ùrlar.
- A' cuideachadh le bhith a' cruthachadh iomairtean timcheall air prìomh phrògraman, tachartasan agus susbaint ionnsachadh na Gàidhlig.
- A' togail cheanglaichean nas làidire le luchd-amais le bhith a' toirt taic do mhanaidseadh coimhearsnachd agus gnìomhachd conaltraidh.
- A' lorg dhòighean ùra airson luchd-amais an t-susbaint againn a lorg thar YouTube, ùrlaran meadhanan sòisealta agus BBC iPlayer.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil an t-susbaint againn ruigsinneach, in-ghabhalach agus furasta dha na h-uile a mhealtainn.
- Ag obair le co-obraidhean gus sruthan-obrach a leasachadh agus dòighean-obrach nas glice agus nas èifeachdaiche a lorg.

- A' toirt taic do bhuill eile de na sgiobaidhean foillseachaidh agus cruthachail nuair a bhios feum orra.

Cò ris a tha soirbheachas coltach

Bidh fios agad gu bheil thu soirbheachail nuair a bhios:

- Sgiobaidhean air feadh na buidhne a' faighinn a-mach gu bheil do lèirsinn luchd-amais agus aithisgean dàta feumail airson co-dhùnaidhean a dhèanamh.
- Tha earbsa aig co-obrachaidhean anns an eòlas agad agus an urra ri do chomhairle mu na tha ag obair agus nach eil ag obair air diofar ùrlaran.
- Tha an luchd-amais againn a' fàs.
- Tha daoine a' cur seachad barrachd ùine le ar susbaint.
- Tha iomairtean a' fàs nas èifeachdaiche agus nas cruthachaile.
- Tha barrachd dhaoine a' faighinn a-mach mu ar susbaint thar iomadh ùrlar.
- Tha ruigsinneachd agus in-ghabhail nam pàirt de gach nì a bhios sinn a' foillseachadh.

Na tha sinn a' sireadh

Chan fheum eòlas mun a h-uile càil a bhith agad air a' chiad latha, ach is dòcha gum bi eòlas agad ann am mòran de na raointean seo:

- A' cruthachadh, a' foillseachadh agus a' riaghladh susbaint air ùrlaran sòisealta.
- A' tuigsinn giùlan luchd-amais agus a' cleachdadh dàta gus co-dhùnaidhean a dhèanamh.
- A' cleachdadh innealan anailis gus dèanadas a thomhas agus treandaichean a chomharrachadh.
- A' sgrìobhadh airson diofar luchd-amais agus ag atharrachadh susbaint airson diofar ùrlaran.
- A' togail choimhearsnachdan agus a' brosnachadh conaltradh brìghmhor.
- A' deasachadh susbaint bhidio agus ag obair le sgiobaidhean cruthachail.
- A' riaghladh iomadh pròiseact agus prìomhachas aig an aon àm.
- A' conaltradh gu soilleir agus ag obair còmhla ri raon farsaing de dhaoine.

Os cionn a h-uile càil, tha sinn a' sireadh neach a tha dìoghrasach, atharrachail agus air bhioran mu bhith a' cuideachadh sàr shusbaint an luchd-amais a lorg.

Riosgan a tha buntainneach don obair

- Milleadh a dh'fhaodadh a bhith ann air cliù mar thoradh air susbaint dhidseatach neo-iomchaidh no neo-cho-chòrdail.
- Riosgan gèillidh co-cheangailte ri còraichean-lethbhrìc, riaghladh chòraichean, dìon dàta agus inbhean deasachaidh.
- Lùghdachadh ruigsinneachd is conaltraidh luchd-amais tro ro-innleachdan foillseachaidh no luchd-amais neo-èifeachdach.
- Riosgan obrachaidh co-cheangailte ri cinn-latha a chaidh a chall, aithris neo-mhearachdach no fàilligidhean sruth-obrach.
- Riosgan a tha ag èirigh bho atharrachaidhean air algairidhean ùrlair treas-phàrtaidh, poileasaidhean agus giùlan luchd-amais.
- Feumaidh a h-uile neach-dreuchd a bhith mothachail air riosgan. Tha e mar dhleastanas air gach neach beachdachadh air riosgan, riosgan a thathar a' faicinn, lughdachadh riosgan agus/no cùisean leis a' mhanaidsear aca no buill Buidheann Riosg Chorporra.

Tha an sònrachadh pearsa gu h-ìosal a’ mìneachadh nan sgilean agus nan comasan riatanach agus mhiannaichte airson na dreuchd seo.

Sgilean bunaitich	Deatamach	Miannaichte
Teisteanasan / eòlas	Foghlam gu ìre ceum ann an cuspair buntainneach, no eòlas proifeasanta co-ionann. Eòlas air susbaint fhoillseachadh air na meadhanan sòisealta agus/no YouTube. Eòlas air anailis agus lèirsinn luchd-amais a chleachdadh gus susbaint agus clàran-ama fhoillseachaidh a stiùireadh. Eòlas air aithisgean dèanadais a chruthachadh agus toraidhean a chur an cèill do luchd-ùidh. Eòlas air iomadh pròiseact agus ceann-latha a riaghladh ann an àrainneachd luath.	Eòlas air obair ann an craoladh, meadhanan, ionnsachadh na Gàidhlig no na gnìomhachasan cruthachail. Eòlas air iomairtean meadhanan sòisealta a lìbhrigeadh. Eòlas air bathar-bog deasachaidh bhidio a chleachdadh, leithid Adobe Premiere Pro. Eòlas air innealan riaghlaidh is fhoillseachaidh nam meadhanan sòisealta.
Eòlas	Tuigse làidir air prìomh ùrlaran nam meadhanan sòisealta, nam measg YouTube, Facebook, Instagram, X agus TikTok. Tuigse air leasachadh luchd-amais, conaltradh agus deagh chleachdadh ùrlair. Eòlas air anailiseachd nam meadhanan sòisealta agus tomhas dèanadais. Tuigse air còraichean didseatach, gèilleadh agus inbhean deasachaidh.	Eòlas air ùrlaran a’ BhBC agus turasan luchd-amais, a’ gabhail a-steach BBC iPlayer. Eòlas air meadhanan Gàidhlig agus luchd-amais. Tuigse air SEO agus lorg susbaint. Mothachadh air treandaichean agus teicneòlasan ùrlair a tha a’ tighinn am bàrr.
Sgilean	Sgilean làidir anailis, le comas dàta a mhìneachadh agus beachdan obrachail a chomharrachadh. Sàr sgilean conaltraidh sgrìobhte is labhairteach. Sgilean làidir eagrachaidh is dealbhaidh. Comas dàimhean obrach èifeachdach a thogail le raon de luchd-ùidh. Comas prìomhachas a thoirt do dh’obair agus obrachadh gu cinn-latha teann. Ìre àrd do mhion-fhiosrachadh.	Sgilean taisbeanaidh, a’ gabhail a-steach comas beachdan a chur an cèill do luchd-ùidh àrd-ìre. Sgilean deasachaidh susbaint agus riochdachaidh didseatach.
Riatanasan cànan	Sàr sgilean conaltraidh ann an Gàidhlig agus Beurla.	Sgilean Gàidhlig a bharrachd leithid sgrìobhadh lethbhreacan didseatach, fo-thiotalan, eadar-theangachadh no

	Tuigse, labhairt agus sgrìobhadh na Gàidhlig aig ìre B2 no nas àirde fo frèam-obrach FICE .	conaltradh leis an luchd-amais air-loidhne.
Giùlan	Dòigh-obrach ro-ghnìomhach agus fèin-bhrosnaichte. Cluicheadair sgioba co-obrachail le sealladh adhartach. Feòrachail agus ag amas air an luchd-amais, le dìoghras airson susbaint dhidseatach agus conaltradh. Sùbailte agus seasmhach ann an àrainneachd dhidseatach a tha ag atharrachadh gu luath. Dealas do dh'ionnsachadh leantainneach agus cumail suas ris na treandaichean didseatach as ùire.	Neach-smaoineachaidh cruthachail as urrainn cothroman airson ùr-ghnàthachadh agus fàs luchd-amais a chomharrachadh. Ùidh ann an cànan, ionnsachadh, cultar agus craoladh seirbheis phoblach na Gàidhlig.
Fad:	Maireannach (le ùine deuchainneach soirbheachail 6 mìosan)	

SANAS

Tha sinn a' sireadh **Neach-foillseachaidh Ùrlaran Didseatach** gus cuideachadh le MG ALBA ruigsinneachd, conaltradh agus buaidh susbaint BBC ALBA, LearnGaelic agus SpeakGaelic a leudachadh air feadh nam meadhanan sòisealta, YouTube agus ùrlaran didseatach eile.

'S e dreuchd eadar-mheasgte agus luath a tha seo aig cridhe gnìomhachd didseatach MG ALBA. Bidh thu a' dealbhadh agus a' libhrigeadh foillseachadh susbaint, a' cumail sùil air dèanadas, a' dèanamh anailis air giùlan luchd-amais agus a' cleachdadh lèirsinn gus taic a thoirt do ro-innleachdan susbaint agus luchd-amais. Bidh thu ag obair thar ùrlaran gus lorg susbaint, conaltradh agus fàs luchd-amais a mheudachadh, agus aig an aon àm a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-susbaint againn ruigsinneach, in-ghabhalach agus a' riochdachadh choimhearsnachdan eadar-mheasgte na h-Alba.

Bidh thu ag obair gu dlùth le co-obrachaidhean coimiseanaidh, cruthachail agus foillseachaidh, a thuilleadh air com-pàirtichean bhon taobh a-muigh, gus nithean didseatach àrd-inbhe a libhrigeadh do luchd-amais. Bidh an dreuchd freagarrach do chuideigin a tha eagraichte, anailiseach agus co-obrachail, le tuigse làidir air ùrlaran didseatach agus dìoghras airson conaltradh luchd-amais.

Ma tha sàr sgilean foillseachaidh didseatach agad, ùidh mhòr ann an lèirsinn luchd-amais, breithneachadh làidir agus dìoghras airson luchd-amais a cheangal ri sàr shusbaint, bu toil leinn cluinntinn bhut.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairan, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail + 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd *gym*
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-là dùnaidh airson tagraidhean, **Dihaoine 28 Lùnastal 2026 aig 12f.** Cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Tha MG ALBA dealasach a thaobh àite-obrach eadar-mheasgte agus in-ghabhalach a chruthachadh far a bheilear a' làimhseachadh a h-uile duine le urram agus spèis. Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho gach neach le teisteanasan iomchaidh ge bith dè an aois, ciorram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh no com-pàirteachas catharra, torrachas agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no creideas, gnè no claonadh gnèitheasach a th' aca. Tha sinn dealasach a thaobh atharrachaidhean reusanta a dhèanamh tron phròiseas fastaidh agus san obair fhèin far a bheil sin riatanach.

Thèid atharrachaidhean reusanta a dhèanamh tron phròiseas fastaidh agus rè an obair fhèin far a bheil sin riatanach gus leigeil le tagraichean agus luchd-obrach le ciorraman an dreuchd a choileanadh gu h-èifeachdach.

Stiùireadh airson tagradh:

Cuiribh ur **Cunntas-beatha agus litir còmhdaich** gu **hr@mgalba.com** a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thuigse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MG



ALBA

MÒRAN TAING!

